


# Rìoghachd Aonaichte Bhreatainn



An dèidh nam bliadhnachan de bheachdachadh agus de **bharganachadh**, mu dheireadh thall dh'aontaich na **coimiseanairean** ri **aonadh** Shasainn agus Alba. Air 01 Cèitean 1707 chaidh aon dùthaich a dhèanamh dhiubh – Rìoghachd Aonaichte Bhreatainn.


Chuir **Achd an Aonaidh** ann an 1707 Sasainn agus Alba còmhla nan aon dùthaich, Breatainn, agus chruthaich e aon **Phàrlamaid** ann an Westminster.

**Ach cha deach mòran beachdachaidh a dhèanamh air mar a bhiodh an t-Aonadh ag obrachadh gu pragtaigeach, no air mar a bhiodh Alba air a riaghladh 's dàimh ùr aice a-nis ri Sasainn.**

Dh'fheumadh seo a bhith air obrachadh a-mach anns na **deicheadan** às dèidh seo. Cha robh e furasta do dh'Alba, no Breatainn a Tuath mar a bh' oirre a-nis, fàs cleachdte ris an **dàimh** ùir ri Sasainn.

**Bha dà phrìomh rud a' dèanamh rianachd air an taobh a-staigh doirbh.**

B' e aon dhiubh cho **pailt** 's a bha na **Seumasaich** air Ghàidhealtachd, agus ann am pàirtean den Ghalltachd. Bha seo na chunnart – uaireannan na chunnart mòr – do **sheasmhachd** na h-Alba agus cuideachd do **sheasmhachd** Bhreatainn gu lèir.



B' e an t-adhbhar eile nach bu toigh leis an t-sluagh **cìsean** ùra a chaidh a chur air stuthan bunaiteach ann an Alba – airson gum biodh iad co-ionann ri **cìsean** ann an Sasainn – no an dòigh chruaidh san deach an cur an sàs le oifigich chìsean.

Mar thoradh air seo, chaidh **ionnsaighean fòirneartach** a thoirt tric air oifigich **cusbainn is cìs-bathair**.